

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN CLUB GOILF BHRÙRA AIR 28 SULTAIN 2016

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar Neach-gairm
	David Campbell	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Donna Smith	Iar Àrd-Oifigear
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Jane Thomas	Ceannard C&CS + Rùnaire coinneimh
	Trudi Sharp	
	Lucy Carmichael	Riaghaltas na h-Alba
		Riaghaltas na h-Alba
		BBC Alba
		BBC Alba

5 buill den phoball

### 1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh seo ann am Brùra agus rinn e moladh air an obair aig Caitriona Nicllleathain às leth a' Choimisein, oir b' e seo a' choinneamh Bùird mu dheireadh aig a' Bh-uas Nicllleathain mar Àrd-Oifigear mus fhàg i airson obair ùr le Riaghaltas na h-Alba.

Chuir a' Bh-uas Nicllleathain a leisgeulan a-steach oir cha robh e comasach dhi a bhith an làthair mar thoradh air fulang le leòn an dèidh a bhith ann an tubaist agus i gu làithreach air fòrladh tinneis.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'innis an Coimiseanair MacIllinnein don Neach-gairm gun robh dà chuspair aige ri thogail: aon co-cheangailte ri Ùidh agus fear eile ri suidheachadh an Neach-gairm fhèin.

Mhìnich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e air com-pàirt fhoillseachadh roimhe ann am Mangarstadh agus Col Uarach. On bha an suidheachadh air atharrachadh, dh'iarr e stiùireadh air a' Choimiseanair Inbhean a thaobh an robh e riatanach cumail ris an sin. B' e a' chomhairle a fhuair e on Choimiseanair Inbhean gu bheil an ceangal a-nis cho fada às no neo-chudromach agus nach eil e a' riochdachadh ùidh. Mar sin, bha an Coimiseanair MacIllinnein airson pàipearan sam bith fhaighinn a chaidh a

chuirteachadh gu buill a' Bhùird mu na cùisean sin agus gun gabhadh e pàirt ann an deasbad sam bith orra.

Dh'fhaighnich an Neach-gairm dè bha air atharrachadh agus thuir e gun robh e airson aithris ann an sgrìobhadh fhaicinn bhon Choimiseanair Inbhean. Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein an robh e a' cur teagamh ann am facal a' Choimiseanair Inbhean. Thuir an Neach-gairm a-rithist gun robh e airson riaghladh a' Choimiseanair Inbhean fhaicinn ann an sgrìobhadh mus tigeadh e gu co-dhùnadh air com-pàirt Mhgr MhicIllinnein a tharraing às. Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein an robh e a' cur teagamh ann am facal Co-Choimiseanair. Dh'fhaighnich e an robh an Neach-gairm a' diùltadh còir don bhall thaghte bho na h-Eileanan Siar pàipearan fhaicinn. Thuir an Neach-gairm a-rithist gun robh e airson sgrìobhainneachd fhaicinn. Aig an ìre seo, tharraing an Neach-gairm aire gu foillseachadh clàraichte Mhgr MhicIllinnein ann an carthannas Bethesda agus thuir e gun tugadh iomradh air a' bhuidheann seo ann am pàipear a bha ri thighinn air beulaibh a' Bhùird. Dhaingnich an Coimiseanair MacIllinnein a chom-pàirt clàraichte ann am Bethesda. Dh'aithris an Neach-gairm nach robh e a' gabhail ris gum b' urrainn do Mhgr Mhaclllinnein an com-pàirt a dh'ainmich e roimhe a leigeil seachad. Cha robh e a' gabhail ris gum faodadh Mgr MacIllinnein a' chùis seo a thogail aig coinneamh a' Bhùird.

Leugh an Iar Àrd-Oifigear aithris bhon Àrd-Oifigear, mar Oifigear Cunntachail, a' daingneachadh an t-suidheachaidh mar a chaidh aithris le Mgr MacIllinnein:

*“A Choimiseanairean - A thaobh na connspaid an lùib strì eadar com-pàirt, ghabh mi comhairle bhon Choimiseanair airson Inbhean Eiticeil a thug seachad stiùireadh air a' chùis seo.*

*Nì mi sgaradh air a' chùis le dà eisimpleir a tha buntainneach do na suidheachaidhean làithreach. Is e a' chiad eisimpleir, far a bheil an neach air com-pàirt fhoillseachadh agus an uair sin an suidheachadh air atharrachadh. Ann am beachd a' Choimiseanair airson Inbhean Eiticeil, tha e ceart gu leòr do fhoillseachadh com-pàirt a thighinn gu deireadh. B' e an eisimpleir a thug e dhomh, nam biodh earrannan aig ball den Bhòrd ann am banca Tesco agus gun robh am Bòrd a' beachdachadh air cùmhnant le banca Tesco, bu chòir an uair sin don bhall an com-pàirt sin fhoillseachadh agus e/i fhèin a ghluasad bhon phròiseas co-dhùnaidh. Ach ma reiceas am ball den Bhòrd na h-earrannan aca agus gu bheil am Bòrd a' beachdachadh air cùmhnant, tha an suidheachadh an uair sin diofraichte agus faodaidh am ball den Bhòrd mìneachadh gu reusanta gun robh iad air ùidh a nochdadh ach le reic air na h-earrannan, tha an ùidh sin a' thighinn gu deireadh agus mar sin tha iad comasach air pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean. Aig deireadh gnothaich, tha e an urra ri gach neach fa leth co-dhùnadh a dhèanamh.”*

Chùm an Neach-gairm suas a bheachd an aghaidh gabhail ris an nì seo aig coinneamh a' Bhùird.

Mar Oifigear Inbhean, mhinich Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-ceannach gun robh e ann an òrdugh do Choimiseanair MacIllinnein na Coimiseanairean eile a dhèanamh mothachail do dh'atharrachadh ann am foillseachadh com-pàirt a chaidh a dhèanamh a-cheana, aig an ìre seo den Choinneamh Bùird, oir bha Foillseachaidhean Com-pàirt a' nochdadh mar Nì 2 air clàran-gnothaich choinneamhan a' Bhùird. Dhaingnich i cuideachd gu bheil e iomchaidh do Choimiseanairean atharrachaidhean sam bith ann an ùidhean a chonaltradh san dòigh seo agus iomchaidh don Bhòrd gabhail ris a leithid sin de fhios poblach mu atharrachadh.

Chuir an Neach-gairm an uair sin dàil sa choinneamh a dheasbad air a' chùis ann an dìomhaireachd leis an Oifigear Inbhean. Dh'fhàg an Neach-gairm, an t-Oifigear Inbhean agus an t-Àrd-Oifigear an seòmar. Nuair a thill iad, dh'ainmich an Neach-gairm gun robh e a' toirt na coinneimh gu crìch agus a' fàgail na coinneimh.

Aig an Ire seo, thuir an Coimiseanair Caimbeul gun sgrìobhadh esan gun Oifigear Chunntachail ag iarraidh gun deigheadh Coinneamh Shònraichte den Choimisean a chumail.

Dh'fhàg an Neach-gairm a' choinneamh aig 9:45m.

*Ghluais am Bòrd air adhart gu tuilleadh gnothaich a choileanadh leis na h-aon daoine an làthair a thuilleadh air an Neach-gairm. Aig an àm, bha seo air fhaicinn mar Choinneamh Shònraichte ach tha am Bòrd a' creidsinn gum bu chòir coimhead ris gu ceart mar leantainneachd air a' Choinneamh Bùird.*

Chaidh fios a chur air làrach-lìn a' Choimisein agus thòisich coinneamh a' Bhùird a-rithist aig 10:15m. Chaidh seo a chonaltradh don Neach-gairm sa bhad. Mar Iar Àrd-Oifigear, dh'fhosgail a' Bh-ph Nic a' Ghobhainn a' choinneamh agus dh'iarr i air a' Bhòrd Cathraiche ainmeachadh. Chaidh iarraidh air IG MacDhòmhnail an dreuchd sin a lionadh agus dh'aontaich e ris. Chaidh seo a mholadh le Coimiseanair MacIllinnein le taic bho Choimiseanair Caimbeul agus aonta bho na Coimiseanairean eile.

## **1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN**

Dh'fhosgail an Coimiseanair MacIllinnein a' choinneamh agus thugadh fa-near leisgeulan bho Chaitriona Nicllleathain.

Cha robh an Neach-gairm an làthair.

## **2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT**

Chùm an Coimiseanair MacDhòmhnail suas a chom-pàirt foillsichte ann am Mangarstadh.

Mhìnich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e air com-pàirt fhoillseachadh ann am Mangarstadh agus Col Uarach roimhe, ach on a dh'atharraich an suidheachadh shir e agus fhuair e stiùireadh bhon Choimiseanair Inbhean; b' e a' chomhairle gun robh an ceangal a-nis cho fada às agus nach robh brìgh sam bith ann. Mar sin, bha an Coimiseanair MacIllinnein airson pàipearan sam bith a thaobh Col Uarach agus Mangarstadh fhaighinn a bha air an toirmeasg dha roimhe, mar thoradh air ùidh clàraichte roimhe agus dh'iarr e ùine airson an leughadh. Chaidh seo aontachadh.

Dh'innis an Coimiseanair MacIllinnein don Chathraiche gun robh gnothaich deatamach aige ri thogail. Mhìnich e gun robh an Neach-gairm air dà litir fhaighinn an latha roimhe sin bhuaithe fhèin agus an Coimiseanair Caimbeul, ag iarraidh air èirigh às a dhreuchd. Dh'innis an Coimiseanair MacIllinnein don Bhòrd gun robh Gluasad aige ri chur ris a' choinneamh agus gun robh Neach-taic aig a' Ghluasad. Bheachdaich an Cathraiche air cuin a bu chòir an nì a dheasbad, ag aontachadh gum faodaist a ghabhail fo Nì 14 air a' Chlàr-gnothaich

## **3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 17 LÙNASTAL 2016**

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 17 Lùnastal 2016 gun atharrachadh sam bith.

#### **4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH**

Thog Coimiseanair Caimbeul air Nì 5 air duilleag 8 den Gheàrr-chunnta agus dh'iarr e gum faigh Coimiseanairean fiosrachadh mu chinn-latha nam pàipearan air an tugadh iomradh leis an Neach-gairm, a chionn 's nach robh pàipear iomraichte do Choinneamh a' Bhùird.

Thug an Ceannard Riaghlaidh fiosrachadh às ùr seachad mu leasachadh air pròtacal le RPID.

## 5 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

### (a) Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais 2015-16 – Aithris Gníomha

Mhìnich Ceannard CisCS gun robh am pàipear seo a' riochdachadh gearr-iomradh de ghnìomh a' chomataidh sa bhliadhna ionmhais a dh'fhalbh. Bhathar ga chur chun a' Bhùird gach bliadhna. Bha còig Coimiseanairean air freagairt air post-d a' gabhail ris a' phàipear, aon Choimiseanair nach robh air freagairt (a' gabhail ris an sin mar aonta) agus bha an Neach-gairm air deasbad iarraidh leis a' Bhòrd slàn.

Mhìnich Coimiseanair MacIllinnein mar Chathraiche na comataidh, gun robh an aithisg air a cur a-steach le Coimiseanair Caimbeul mar thoradh air Uilleam Swann, Cathraiche na comataidh, èirigh às a dhreuchd. Dhaingnich an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich mar am ball eile den chomataidh, gun robh i sàsaichte leis an aithisg. Mar sin, ghabh am Bòrd ris an aithisg.

## 6 COINNEAMH LEIS AN RÙNAIRE CAIBINEIT AIR 21 SULTAIN 2016

A bharrachd air Coimiseanair Pirie, choinnich a h-uile ball den Choimisean ri Rùnaire a' Chaibineit, Fearghas Ewing, air 21 Sultain. Ron choinneamh, bha Coimiseanairean air litir fhaighinn bho Rùnaire a' Chaibineit, a' mineachadh nan cùisean a bha e airson a dheasbad. Bha seo ga dhèanamh soilleir gun robh e ag iarraidh air a' Choimisean leisgeul a' phobaill iarraidh a thaobh an dòigh san deach dèiligeadh le cùisean ionaltraidh àraid o chionn ghoirid. Leugh an Coimiseanair MacDhòmhnail a-mach an seantans a leanas bho litir Rùnaire a' Chaibineit: *“Mus coinnich sinn, bhithinn taingeil nam b' urrainn dhut fhèin agus na Coimiseanairean beachdachadh air an t-seasamh a tha Coimisean na Croitearachd air a ghabhail gu ruige seo a thaobh nam puingean sin, san fharsaingeachd a thaobh Col Uarach, agus co-dhùnadh an cuireadh leisgeul poblach cùisean ceart a-rithist.”* Aig a' choinneamh air 21 Sultain, chaidh an suidheachadh seo a dhaingneachadh le Rùnaire a' Chaibineit, a dh'iarr gun tigeadh an leisgeul bhon Neach-gairm às leth a' Choimisein.

Mhìnich an Iar Àrd-oifigear gun do choinnich Coimiseanairean gu neo-fhoirmeil air 27 Sultain a dheasbad air a' chùis agus dreach aithris ullachadh. Leugh an Coimiseanair MacDhòmhnail a-mach an aithris a leanas, a bhiodh air a sgaoileadh gu na meadhanan, càraichte air làrach-lìn a' Choimisein agus air a chonaltradh gun luchd-earrannan ionaltraidh buntainneach:

*“Tha Coimisean na Croitearachd ag iarraidh an leisgeul a ghabhail airson an dòigh san do dhèilig iad le cùisean chomataidhean ionaltraidh o chionn ghoirid.*

*Tha an Coimisean air dèiligeadh le trì cùisean gun ro-shamhail fo earran 47(8) de Achd na Croitearachd, a' toradh ann an comataidhean a bhith air an cur a-mach à oifis. Tha na co-dhùnaidhean a rinn an Coimisean air toraidhean àicheil a chruthachadh do gach neach a tha na lùib. Cha tug na gnìomhan a chaidh a choileanadh sna cùisean sin comas do choimhearsnachdan obrachadh còmhla gu math croitearachd, agus leis an fhirinn innse tha buaidh nach eil math air a bhith aige air a' choimhearsnachd croitearachd. Tha an Coimisean a' gabhail ris gu bheil na co-dhùnaidhean o chionn ghoirid air mì-chinnt agus dragh leantainneach adhbhrachadh, chan ann a-mhàin do na trì coimhearsnachdan an lùib seo ach do chroitearan uile, agus tha sinn duilich airson sin.*

*Tha an Coimisean an-còmhnaidh a' sireadh dhòighean air a dhèanamh cinnteach gu bheil e a' libhrigeadh às leth math chroitearan agus gun dèanar cinnteach gum bi na leasan a chaidh ionnsachadh bho na cùisean seo a' fiosrachadh mhodhan-obrach agus cho-dhùnaidhean san àm ri teachd. Leanaidh sinn air adhart cuideachd*

*a' conaltradh le Riaghaltas na h-Alba gus coimhead ri sùbailteachd nas motha ann an reachdas croitearachd.*

*Leanaidh Coimisean na Croitearachd air adhart ag obair còmhla ri luchd-ùidhe gus stiùireadh air deagh chleachdadh a leasachadh do chomataidhean ionaltraidh. Bu mhath leinn dearbhadh do chroitearan gum bi, mar riaghlaidhe croitearachd, am prìomh fhòcas againn a' cumail air tèarainteachd do chroitearachd san àm ri teachd tro riaghladh èifeachdach agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair gu deimhinneach còmhla ri croitearan, comataidhean ionaltraidh agus luchd-ùidhe croitearachd."*

Mhìnich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e airson a bhith do-phàirtich don aithris, chan ann a chionn 's nach robh e ag aontachadh leis na faireachdainnean ann ach air sgàth gun robh e a' creidsinn gu bheil na fàilligidhean air an iomradh san aithris a' laighe leis an Neach-gairm, agus fhad 's a tha an Neach-gairm làithreach na àite chan urrainn don Choimisean gluasad air adhart.

Bha an Coimiseanair Caimbeul airson a chlàradh gu bheil e a' cur a làn taic ri leisgeul slàn agus brìoghmhor a thoirt do na coimhearsnachdan croitearachd a tha an lùib seo, ach ag aontachadh nach bi e comasach gluasad air adhart leis an Neach-gairm làithreach fhathast na oifis.

Dhaingnich Coimiseanairean MacDhòmhnaill, Dennis, Pirie agus Nic na Ceàrdaich an taic don aithris agus bha àm saor goirid ann airson ceadachadh don Mhanaidsear Conaltraidh an aithris a chur gu na meadhanan.

## **7 ÙR-FHIOSRACHADH CIS**

Chuir an Iar Àrd-Oifigear pàipear air a' bhòrd san robh fiosrachadh laithreach air pròiseasdh CIS. Mhìnich i gun robh beagan duilgheadasan air a bhith ann leis an t-siostam ùr aig toiseach gnothaich, ris an robhar an dùil, ach a dh'aindeoin cho mòr 's a bha an t-atharrachadh bha cùisean air a dhol gu math. Tha Buidheann Cleachdaidh air a chur air bhonn agus tha seo a' nochdadh mar dhòigh èifeachdach air cùisean agus leasachaidhean adhartachadh.

Còmhla ri bhith a' cur a-steach an t-siostaim ùir, tha an Coimisean a' faicinn àrdachadh cudromach ann an tagraidhean, le coltas gu bheil seo air adhbhrachadh leis a' Chunntas Croitearachd. Fiù san dàrna bliadhna den Chunntas, chaidh còrr air 4000 atharrachadh don RoC a thoirt fa-near le croitearan agus b' fheudar a sgrùdadh.

Tha deuchainn coimeasaidh air a choileanadh eadar an t-seann siostam CADS agus CIS, a lorg gu bheil CIS nas luaithe agus a' solarachadh barrachd fiosrachaidh do luchd-obrach. Mar Cheannard Siostaman Fiosrachaidh, bidh a' Bh-ph Nic a' Ghobhainn a' dèanamh cinnteach gun tèid ath-sgrùdadh eile a dhèanamh an ceann 3 mìosan gus sùil a chumail air adhartas. Chuireadh i fiosrachadh air ais mu thagraidhean roinnidh sam bith a tha còrr air 2 bhliadhna a dh'aois.

Bha Coimiseanairean airson taing a thoirt don Bh-ph Nic a' Ghobhainn gu pearsanta airson a cuid obrach ann an stiùireadh an atharrachaidh gun t-siostam ùr, a tha air a dhol nas fheàrr na bhathar an duil.

## **8 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN AIR AM PLANADH NO / AGUS AIR AM FRITHEALADH**

Bha an Coimiseanair MacDhòmhnaill air Bùth-obrach Mheasadairean a fhrithealadh, agus fèilltean bheathaichean, air coinneachadh ri croitearan fa leth, a bha airson gun cuireadh an Coimisean barrachd cuideam air obair Dhleastanasan, air com-pàirteachadh ann an coinneamh Luchd-ùidhe mu riaghailtean ionaltraidh air 20 Sultain,

a chunnaic e mar cheum glè dheimhinneach air adhart, coinneamh DDM mu dhi-chroiteadh pàirt-croite agus coinneamh le Rùnaire a' Chaibineit air 21 Sultain.

Bha an Coimiseanair Caimbeul air pàirt a ghabhail ann an coinneamh mu riaghailtean ionaltraidh, a dh'aontaich e a bha deimhinneach agus cuideachail, coinneamh fo-bhuidhne SLE, air coinneachadh ri sealbhaiche fearainn coimhearsnachd mu chruthachadh croitean ùra, air fèilltean bheathaichean a fhrithealadh agus coinneamh le Rùnaire a' Chaibineit.

Bha coinneamh aig Coimiseanair Dennis air 16 Lùnastal le pàrtaidh le ùidh, coinneamh DDM, coinneamh Obair-cùise, Bùth-obrach nam Measadair agus coinneamh le Rùnaire a' Chaibineit.

Bha an Coimiseanair Pirie air a dhà no trì fèilltean a fhrithealadh agus an dòchas faighinn gu Mòr-Fharpaisean Treabhaidh na h-Alba.

Bha an Coimiseanair MacIllinnein air fèilltean bheathaichean a fhrithealadh, am buidheann Thar-phàrtaidh agus coinneamh leis a' Mhinistear.

Bha an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich air Fèill Yell a fhrithealadh, fèilltean uan ann an Sealtainn agus coinneamh le Rùnaire a' Chaibineit. Bha coinneamh LAG san amharc agus coinneamh ionadail NFUS.

Bha Coimiseanairean airson a chlàradh gu bheil an ìre seo de ghnìomh a' taisbeanadh nach eil 4 làithean sa mhìos na dhealbh cheart air an ùine a thathar ann an da-rìribh a' cur seachad air gnothaich Coimisein.

## **9 PRÒTACAL MHEADHANAN / TÈARAINTEACHD FIOSRACHAIDH**

Chaidh an nì seo a thoirt chun a' Bhùird a-mhàin mar chuimhneachan air cumail ris a' Phròtacal Mheadhanan agus am poileasaidh Tèarainteachd Fiosrachaidh a chaidh aontachadh. Mar eisimpleir, bha e cudromach nach biodh obair a' Choimisein air a shàbhaladh gu seòlaidhean puist-d pearsanta.

## **10 STIÙIREADH DON SGIÒBA LAGHAIL (Nì 10 air a ghabhail ann an dìomhaireachd on tha comhairle laghail ann).**

## **11 MEASADAIREAN SGÌREIL – ÙR-FHIOSRACHADH PANNAIL**

Chuir an Coimiseanair Dennis pàipear goirid an aithne. Mhìnich i gu bheil teirm làithreach a' Phannail Mheasdairean a' tighinn gu crìch san Dàmhair 2017. Chaidh iarraidh air Coimiseanairean beachdachadh air an deigheadh seo a dhaingneachadh no an deigheadh moladh do Bhòrd ùr a' Choimisein gum bi teirm a' phannail air a leudachadh thar 12 mìosan eile, gus ùine a cheadachadh do na Coimiseanairean ùra fàs cleachdte ri an dleastanas.

Dh'aontaich Coimiseanairean moladh don Bhòrd ùr gu bheil pannal nam Measadair air a leudachadh airson 12 mìosan eile.

A' leantainn air a' choinneamh le Measadairean ionadail am feasgar roimhe sin, dh'aontaich Coimiseanairean nach robh gu leòr conaltraidh eadar an Coimisean agus am pannal, agus gum bu chòir gach oidhirp a dhèanamh airson conaltradh, trèanadh agus gnìomh a leasachadh, oir tha Measadairean nan so-mhaoin don bhuidheann nach eil air an cleachdadh gun ìre as còir. Bu chòir cùram a ghabhail cuideachd aig àm planaidh àite nan coinneamhan ionadail, gus cothrom a thoirt don àireamh as motha am fhrithealadh.



<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich Coimiseanairean moladh don Bhòrd Choimiseanairean ùr gu bheil teirm a' Phannal Mheasadairean làithreach air a leudachadh thar 12 mìosan.</b>
-------------------	-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

**12 CROITEAN GABHTE** (air a ghabhail ann an dìomhaireachd a chionn 's gu bheil comhairle laghail sa phàipear agus san deasbad).

**13 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH**

9 Samhain 2016 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

## 14 GSBE

Bha gnothaich aig Coimiseanair Caimbeul leis an deach dèiligeadh fo Nì 15.

Mar a chaidh a ràdh na bu thràithe, bha cùis dheatamach aig Coimiseanair MacIllinnein a bha e airson a thoirt chun na pàirt phoblaich den choinneamh.

Mhìnich e aig coinneamh neo-fhoirmeil de Choinmiseanairean an-dè, gun deach dà litir a shìneadh gun Neach-gairm, bhuaithe fhèin agus bho Choimiseanair Caimbeul ag iarraidh air a dhreuchd a thoirt suas. Dhiùlt an Neach-gairm na litrichean a leughadh agus bha an Coimiseanair MacIllinnein air susbaint a litreach fhèin innse do Choinmiseanairean aig coinneamh air 27 Sultain, a' gabhail a-steach an Neach-gairm. Bha an Coimiseanair Caimbeul air a dhèanamh mar an ceudna. Bha an dithis air a dhèanamh soilleir gum biodh Glusad ag iarraidh air an Neach-gairm a dhreuchd a thoirt suas, air a thoirt gu coinneamh a' Bhùird air 28 Sultain.

Bha Coimiseanair MacIllinnein airson Glusad a chur air beulaibh a' Bhùird:

*“Gu bheil an Coimisean a’ toirt taing do Mhgr Cailean Ceanadach airson a chuid ama mar Neach-gairm Coimisean na Croitearachd. A dh’aindeoin sin, leis an damaist làithreach a tha seo a’ dèanamh air cliù a’ Choimisein, thathar ag iarraidh ort airson math chroitearan, a’ choimhearsnachd croitearachd agus Coimisean na Croitearachd ’s an luchd-obrach san àm ri teachd, do dhreuchd a thoirt suas le fios gu Rùnaire a’ Chaibineit aig a bheil uallach airson croitearachd, sa bhad.”*

Fhuair an Glusad taic bho Choimiseanair Caimbeul.

Dh’fhaighnich an Coimiseanair Caimbeul an robh gluasadan sam bith eile ann na aghaidh no atharrachaidhean, agus chaidh a dhaingneachadh gun robh an Glusad a’ riochdachadh iarrtas gun Neach-gairm, cha b’ e òrdugh, oir chan eil a’ chumhachd aig a’ Bhòrd an Neach-gairm a chur a-mach à dreuchd.

Cha robh gluasad na aghaidh no atharrachadh agus mar Chathraiche, fhuair an Coimiseanair MacDhòmhnail dearbhadh bho na Coimiseanairean uile a bha an làthair gun robh iad a’ cur taic ris a’ Ghluasad, a chaidh mar sin troimhe gu aon-ghuthach.

Chuir seo crìoch air gnothaich ga ghabhail gu poblach.

## 15 ÀS-DHÙNADH AIR NA MEADHANAN ’S AM POBALL

Bha àm saor ann an uair sin airson lòn, agus a’ leantainn air an sin thill Coimiseanair MacDhòmhnail don t-seòmar. Chaidh an Coimisean air adhart an uair sin a dheasbad air Nì 10, a bhathar ag aontachadh a bu chòir a ghabhail ann an dìomhaireachd.

Thug an Cathraiche taing do na Coimiseanairean agus na h-oifigearan airson an in-chur don choinneamh fad an latha, agus dhùineadh a’ choinneamh aig 4:05f.